

Harris Fishing Heritage Project 2007

**Interview with Murdo MacLeod (Murchadh Mòr; MML) and his wife Mòrag,
Scalpay**

(Original Transcript in Gaelic)

NMÒRAG:

...denotes pauses in speech

[...] denotes text which has been edited out

JMD: *Seo Joina NicDhòmhnaill air an [...] 12 Iuchair 2007 ann an taigh
Mhurchaidh MhicLeòid ann an Scalpaigh. Ciamar a tha sibh an-diugh a
Mhurchaidh?*

MML: O tha gu dòigheil, tha.

[...]

*Bha sinn airson bruidhinn mun iasgach. Cùin a thòisich sibh fhèin ag iasgach
an toiseach?*

O, thòisich mise ag iasgach nuair a bha mi na mo bhalach anns an sgoil.

Bha.

Bha.

Dè an aois a bha sibh nuair a thòisich sibh?

Och, *in earnest*...tha mi creidsinn ochd-deug.

Agus dè an t-eathar air an robh sibh an uair sin?

A' chiad tè air an robh mi 's e a' *White Rose*. Bha mi oirre...air a' *White Rose*.

Dè an seòrsa eathar a bh'innte?

'S e sula.

Dè a tha ann an sùla a-nis? Chan eil mise eòlach mu eathraichean ann.

Tha an deireadh aca *cut away* fhios agad? Tha 'd air an togail airson na siùil.
Nuair a bha an deireadh aca *cut away* bh' e na b' fhasa dhaibh tionndadh suas
dhan a' ghaoith no leis a' ghaoith.

O seadh. Co mheud troigh a bh' innte sin?

36.

Cò aig an robh i?

Bha aig *uncle* dhomh. Alasdair Mòr MacLeòid.

An robh an t-iasgach riamh anns an teaghlach agaibh?

O bha, o bha.

Mòrag: 'S e an t-iasgach a bh' anns a h-uile teaghlach an seo. Cha robh an còrr ann.

Bha deich bàtaichean fichead san acarsaid ud...30.

Ri ur ciad cuimhne?

Agus bhiodh còignear no sianar anns a h-uile tè aca sin.

Tha sin iongantach, nach eil?

Mòrag: Bha seachd ceud duine ann a sheo.

An robh gu dearbh?

Mòrag: Bha. Seachd ceud duine. Tha cuimhn' agamsa dà bhùth dheug a bhith anns a' bhaile. 12 *shops*. Chan eil cho fada bhuidhe.

'S chan eil ann ach aonan a-nis, an e?

Mòrag: Uill, aonan 's am *Post Office*.

Tha an sluagh air a dhol sìos.

O tha an sluagh air a dhol sìos.

Mòrag: A' sìor dhol sìos. Chan fhada a bhios sgoil no càil eile ann. Bha thu *back and fore* ris an iasgach gus an deach thu dhan chogadh an robh?

Uill, cha robh mi mòran ag iasgach ron a' chogadh idir. 'S ann as dèidh a' Chogaidh *mostly* a rinn mise iasgach.

Mòrag: Cha robh thu anns a' Chogadh aig 18 idir nuair a bha thu anns a' *White Rose*.

Uill, bha mi a' dèanamh seòrsa de dh'iasgach am badeigin.

Mòrag: Bha thu anns a' *White Rose* tha thu ag ràdh?

Bha. 'S ann as dèidh a' Chogaidh a chaidh mi dhan a' *White Rose*.

Mòrag: O an ann? As dèidh a' Chogaidh?

Seadh.

Mòrag: 1945?

1945... '47... '48.

Bheil e mì-mhodhail dhomh foighneachd dè a' bhliadhna san do rugadh sibh?

Mòrag: O ho ho!

O chan eil *problem* sam bith agamsa ann a shin! 1922. *Twenty- second of May 1922.*

Uhu. Ach tha fhios nuair a bha sibh beag anns an sgoil gum biodh sibh a' dol a-mach anns na h-eathraichean?

Och, cha robh sinn a' tighinn asda.

Cha robh.

Cha robh. Bhithinn a' dèanamh iasgach air choireigin. Cudaige is smalag.

'S bha a' chuid a bu mhotha bha iad ris an iasgach ann an Sgalpaigh?

Bha feadhainn aca a' seòladh cuideachd. Bha an deagh chuid a' seòladh.

Mòrag: Bha an deagh chuid ris an t-seòladh an seo.

Cha robh an t-iasgach a' pàigheadh ann uaireannan.

Nach robh gu dearbh?

Cha robh, cha robh! Bha e slac, slac. Dh'fheumadh iad falbh a sheòladh is nuair a thigeadh iad dhachaigh gheibheadh iad an *dole* airson dreis 's dh'fhaodadh iad fuireach a-staigh 's bha iad beò air a sin.

Robh ur n-athair fhèin 's ur seanair, robh iad ag iasgach?

O bha.

Mòrag: Bha athair co-dhiù. An robh do sheanair?

Chan eil càil a bheachd sam bith mo sheanair a bhith ag iasgach.

Mòrag: Bha e robh aosta.

Bha e robh aosta. Ach bha m'athair ag iasgach air an *Daffodil*. Tè air an robh an *Daffodil*.

An ann leis fhèin a bha an Daffodil?

Bha *crowd* aca timcheall oirre. Còignear.

Mòrag: Bhiodh còignear aca a' dol timcheall orra an uair ud.

Bha iad ag obair còmhla?

Mòrag: Bha iad ag obair còmhla.

Bha shareichean aca innte?

Mòrag: Bha.

Bheil cuimhn' agaibh nuair a thòisich sibh air a' White Rose, dè an seòrsa cosnadh a bh' agaibh an uair sin?

Cha robh cosnadh ach truagh...*in this day and age.*

Ach an uair ud, an robh e glè mhath?

Uill, rinn sinn glè mhath gu dearbh. Nuair a bha mise innte rinn sinn glè mhath gu dearbh. Ach nam faigheadh tu sheot sgadain an uair sin bha e *phenomenal*. Chan fhaigheadh tu seot ach ainneamh.

Dè tha sin a-nis?

Seot...*shot...a good shot.* Fichead crann no deich air fhichead. Crann 's e ceithir basgaidean.

Sin crann – ceithir basgaidean?

Ceithir basgaidean – crann sgadain. Nam faigheadh tu fichead crann bhiodh tu toilichte. Nam faigheadh tu ceithir fichead bhiodh tu...

Mòrag: Bha thu fortannach.

Bha.

Ma tha bha sibh ag ionnsachadh bho bha sibh beag bìodach.

O cha robh càil an seo ach an t-iasgach an uair sin.

Mòrag: 'S a' càradh lion. Bha lion anns a h-uile còrnair anns a h-uile taigh.

Tha mi creidsinn.

Mòrag: Bha.

Bha na balaich a' falbh a sheòladh gu math tràth. Feadhainn a dh'fhalbh a sheòladh, bha iad ga leantainn fhios agad.

Mòrag: Tha cuimhn' agamsa Fionnlagh agus Uilleam...bha iad sin aig an t-seòladh riamh. Bhiodh Uilleam Aonghais a' falbh dà bhliadhna *at a time*.

Bha – a' bhliadhna a phòs e...[...] dh'fhalbh e dà bhliadhna.

Dìreach as dèidh dha pòsadh?

Mòrag: Bha Iain Beag a ràdh rithe gun robh còir aige fuireach còmhla rithe dà bhliadhna gun falbh idir. Co mheud uair a bha e timcheall an t-saoghail aig 18? Uilleam Aonghais. *Three times*, an e?

Three times.

Mòrag: O uill, nam biomaid air foighneachd do Fhionnlagh a-raoir. Bha aig ochd-bliadhna deug.

Bha e a' falbh a' seòladh. Fear a mhuinntir Sgalpaigh tha seo an e?

'S e.

Mòrag: 'S e – *cousin* dhomhsa. Chan fhaithnich thu duine dha na balaich ud thall – clann Iain Ghobha?

O chan aithnich.

Chan aithnich.

Mòrag: Tha iad nas sine. Cha bhiodh iad anns an sgoil còmhla riut idir.

A' White Rose air an robh sibh an toiseach, dìreach as dèidh a' chogaidh...

Seadh.

Agus dè a bhiodh sibh a' dèanamh, can, latha iasgaich? Cuin a bhiodh sibh ag èirigh 's dè bhiodh sibh a' dèanamh tron latha?

Uill, bha a chuid lìn...bha a lìon fhèin aig a h-uile duine. Còig no seachd no ochd a lìn aig a h-uile duine. Bhiodh iad a' coimhead as an dèidh.

Bha aca fhèin ri sin a bhith aca?

Bha, aig a h-uile duine agus dh'fheumadh tu an càradh ma bha sracadh oirre no toll oirre no càil. Sin an obair a bh' againn anns a' gheamhradh mar bu trice. Bodaich an uair sin a' càradh nan lìn. Bhiodh iad a' cur cairt orra.

Cairt – dè tha sin a-nis?

Mòrag: Bhiodh teinichean mòra aca....boilearan mòra an e?

Aidh, tanca mòr.

Mòrag: Bha 'd a' bogadh nan lion annta. Tha cuimhn' agamsa air a sin.

Dè a' Bheurla a th' air cairt?

Mòrag: O chan eil fhios agamsa.

An ann airson an dèanamh làidir a bha sin?

'S ann. Cha ghrotadh iad cho luath anns an uisge.

Agus dè an stuth a bh' ann?

Cairt. Cairt. Uill 's e *stuff* a bha a' leaghadh anns an uisge a bh' ann.

Mòrag: Uisge teth.

Bha 'd a' bogadh na lin sìos ann 's bha e a' cur craiceann air na lìn.

An e rud Gallda a bha seo a bha iad a' ceannach?

Mòrag: O 's e.

O bh' e pailt gu leòr uaireigin...o bha an uair ud.

Mòrag: 'S ann ga cheannach a bha iad.

'S ann ga cheannach a bha iad 's ann.

'S bhiodh iad a' càradh nan lìon 's an uair sin a' cur sin orra?

'S gan cruadhachadh. Sheasadh iad a bhith anns an uisge. Och, chan eil cuimhn am dè a' Bheurla a bh' air a' chairt a-nise.

Chan eil e gu diofar.

Mòrag: Chan eil fhios 'am fhèin dè a' Bheurla a bh' oirre.

Cuin a bhiodh sibh ag èiridh anns a' mhadainn matha 's a' dol a-mach?

Mòrag: Uill, bha 'd a' falbh air an oidhche 's a' cur nan lion.

O air an oidhche?

O 's ann air an oidhche a bha sinne ag obair *steady*.

Nach mi tha aineolach!

Mòrag: Bhiodh iad uaireannan a' fuireach air ceann nan lìn fad na h-oidhche. Oidhcheannan eile bhiodh iad a' falbh anns a' mhadainn, nach biodh, 's a' togail nan lìon. Dependeadh cà biodh sibh. An e siud a bh' ann?

'S e. 'S e sa gheamhradh.

Mòrag: Seadh, sa gheamhradh. As t-samhradh...tha cuimhn' agamsa chitheamaid a-mach an rathad mòr...bhiodh 's eathraichean nan Taobh Searaich... bha a' Mhinch beò leotha...bhiodh iad ann a shin a' cur nan lìon...aig ceann na lìn. Ach 's ann ann an 1961 a fhuair thusa an t-eathar thu fhèin.

An Estralita?

Mòrag: Seadh. 'S ann. Ach bha sin *different*...bha na lìn sin *different*.

An robh?

Ringnet a bh' againn mu dheireadh. Bha dà eathar ann.

O robh? Bha sibh ag obrachadh dà eathar?

O cha robh. Cha robh còmhla idir.

Mòrag: An criubha fhèin anns gach eathar.

'S dè bh' agaibh roimh na Ringnets?

Bha an *Drifnet*.

'S dè an t-eadar-dhealachadh a bha eadar na dhà?

O an *Drifnet* cha robh e ach a' drioftadh. Cha robh thu ga thòbhadh idir. Ach bha thu a' tòbhadh an *Ringnet*. An *Drifnet* cha robh thu ach ga chur as dèidh an eathair aig na bancannan 's bha e a' falbh leis an t-sruth...bha an sruth a' falbh leat sear 's a siar.

Dìreach a' falbh leis an lìon?

A' falbh leis an lìon...a' drifteadh.

Mòrag: Cha robh e an uair sin a' tighinn dhachaigh ach dreiseagan.

O seadh. Bha sibh a' fuireach a-muigh air bòrd?

O fad na h-oidhche. Bha sinn a-muigh fad na h-oidhche.

Mòrag: Bha iad a-muigh fad na h-oidhche. Sa mhadainn...cha robh iad an seo ach ainneamh...[...] Bha iad a' falbh *all over the place*. Disathairne bha iad a' [...] na lìn air an *jetty* agus a-mach leatha oidhche na Sàbaid an dèidh mheadhan

oidhche a-rithist. Bha a' chlann againne a' ràdh nach robh mòran cuimhn' aca air a-staigh!

Cha b'ann air an sgadan a bha sinne an uair sin idir ach air na *prawns*. An t-iasg geal.

Mòrag: O cha b'ann air an iasg gheal a bha thu nuair a bha thu aig an Ringnet idir. 'S ann a bha sin nuair a thàinig am Britannia. [...]

Ma tha, bha sibh air a' White Rose an toiseach, 's an uair sin dè an ath eathar?

Fhuair mi fhèin an uair sin tè dhomh fhèin.

Dè an t-ainm a bh'oirre sin?

An Estralita.

Abair ainm fancy!

Mòrag: Estralita.

Cheannaich sinn ann an Èirinn i. Bha triùir againn timcheall oirre.

Dè an seòrsa a bh'innte sin?

O 's e...tha an dealbh aice ann a shiud shìos.

Mòrag: Ringnet.

O uill, feumaidh mi sin fhaicinn.

Mòrag: Tha iad crochte ann a shiud os cionn na staidhre.

Dè faid a bh' innte? Bha fifty feet innte no rudeigin.

An robh einnsean..?

Kelvin Diesel bha. Kelvin Diesel.

An e iasg a bha sibh a' faighinn leatha sin?

O 's e. An t-iasg agus na *prawns*.

Mòrag: Ringnet a bh' anns an Estralita.

Bha. Agus

Robh sibh a' glacadh measgachadh de rudan no robh sibh a' leigeil às rudan...ciamar a bha sin ag obrachadh?

Gheibheadh tu reic air rud sam bith...gheibheadh.

Cha robh sibh dìreach a' coimhead a-mach airson aon rud idir?

Uill, bha. Mura b' e sgadan a bh' ann 's e *prawn* a bh' ann, fhios agad? O bha.

An ann anns na lìn a tha na prawns a' tighinn cuideachd?

Tha lìon *different* aig a' phrawn.

O bheil?

Mòrag: O tha. Tha an lìon *different*.

Bha thu ga thòbhadh...bha sinn ga thòbhadh...air a' ghrunnd. Chan ann mar sin a tha an sgadan idir a-nis. Leis an Ringnet tha thu a' cur half-circle timcheall air a' spot sgadain...agus dà eathar ga thòbhadh gu chèile...ga dhùnadh 's ga tharraing.

An ann mar sin a tha e ag obair? Agus an robh e a rèir dè an t-àm dhan bhliadhna dè...?

Bha sin a' cunntais cuideachd, bha. Aig amannan dhan bhliadhna bhiodh sgadan ann 's aig amannan eile cha bhiodh. Sin mar a bha.

Agus tron bhliadhna dè bhiodh sibh ag iasgach, can suas January 's February?

O sgadan an uairsin ann an *January 's February* suas romhad nuair a thigeadh *March is April* a-staigh bhitheamaid a' dol chun a' phrawn. Ag obair air a-muigh suas chun an Tiompain is seachad air a sin uaireannan.

Agus as t-samhradh dè bhiodh sibh a' glacadh?

Thug sinn fad an t-samhraidh ag obair air a' phrawn...o bha. Ag obair leis an ringnet dh'fheumadh an oidhche a bhith ann. Cha dèanadh tu a' chùis air an latha mòran idir mura biodh cnap mòr sgadain ann.

Carson?

O fhios agad, chan fhaigheadh tu càil air an latha. Bha e a' faicinn an lìon 's bha e a' teiche ron an lìon.

Mòrag: Dè am feasgar a dh'fhalbh thu 's a thàinig fios às Geocrab? Cha b' e 'n oidhche bha sin.

O, 's e an geamhradh a bh'ann ge-tà.

Mòrag: Cha b'ann. Bha an t-soilleireachd ann nuair a dh'fhalbh sibh. Dh'fhòn cuideigineach à Geocrab gu Murdo Aonghais Bhàin – Ceitidh Mhurdo. Dursta fhuair sibh? Ceithir cheud crann?

Fhuair.

Mòrag: *One sweep.*

Aidh?

Fhuair.

Bha sibh made!

Mòrag: O rinn iad math air an uair ud, air na h-eathraichean mòra. [...] An Loch Gheocrab a bh' e no an ann ann an Greòsabhagh?

Chan eil fhios 'am an e Dòmhnall Maireid a fhuair am fios, an e?

Mòrag: Chan e ach Murdo - Murdo Aonghais Bhàin.

Ciamar a bha iad a' dèanamh a-mach gun robh cnap sgadain ann?

O chitheadh iad e. Chitheadh iad às na taighean e.

Chitheadh iad e?

O chitheadh.

An e gu robh na faoileagan timcheall no dè?

O bha agus an sgadan fhèin ...bha e solid...chitheadh tu dubh anns an uisg' e.

Mòrag: Tha cuimhn' agamsa air an fheasgar sin cho math 's a th' agam air an dè. Tha cuimhn' 'am air cho math 's a th' agam air an dè. A' dèanamh às!

Agus dh'fhalbh sibh dìreach ann an cabhaig?

Mòrag: Dh'fhalbh.

O dh'fhalbh. Dh'fheumadh tu a dhà còmhla ris an Ringnet. Dà eathar.

Mòrag: Dh'fheumadh tu dà eathar.

Agus an robh sibh an còmhnaidh ag obair còmhla ri eathar eile?

Bha, bha.

Mòrag: Bha dà eathar ann. O bha seo *bright* an uair sin.

Tha fhios gun robh.

Mòrag: O bha. Na h-eathraichean mòra a bha siud ann, chan eil sgeul air a sin an-diugh.

Agus suas romhad as t-foghar, dè an uair sin a bhiodh a' dol? An e am prawn fhathast?

Uill, suas as t-foghar bhiomaid a' dol chun an Eilein Sgìtheanaich leis an Ringnet. Ag obair air a' spawn. An sgadan a bha a' spawnadh bhiodh e an còmhnaidh a' tighinn a-staigh dhan Eilean Sgìtheanach ann a shiud.

Mòrag: Foighnich a-nis dha dè bha san sgadan a bha a' spawnadh?

Uhu. Dè bha sin a-nise?

Bha, sgadan a bha *reproducing* fhios agad?

Agus bha sibh a' dol a-mach dhan Eilean Sgìtheanach aig an àm sin a h-uile bliadhna?

'S ann a sin a bhiomaid ag obair.

Mòrag: Bha 's a' dol a-null a Gheàrrloch 's a Loch Iùbh. *Kinlochbervie*.

Robh gu dearbh? Dè an t-àm a b'fheàrr dhan bhliadhna?

An car iasgach?

Uhu.

O 's e an geamhradh.

Mòrag: An geamhradh.

Mura dèanadh tu as a' gheamhradh e, cha dèanadh tu idir e.

An e gun robh a' phrìs na b'fheàrr no gun robh barrachd ri fhaighinn?

Bha e na b'fhasa a ghlacadh co-dhiù nam biodh e ann. Agus bha sinn riamh ag ràdh "Mura marbh thu anns a' gheamhradh e, th' e truagh." Bha sinn a' falbh leis an uairsin a Gheàrrloch 's a dh'Ulapul 's a Steòrnabhagh 's Malaig.

Mòrag: Bhiodh sibh a' dol suas chun an Stòir uaireannan cuideachd.

Bha sinn a sin uair no dhà cuideachd, bha...a' lorg sgadan. O bha.

Dè cho fada mach 's a bha sibh a' dol?

O bha sinne dol...bha sinn an Tiriodh...bha às a sin chun a' Bhut Leòdhasach.

Suas tron a' Chuan Sgìth?

Seadh. A h-uile h-àite a bha sin. Bad sam bith eadar am But Leòdhasach agus Tiriodh. *That was the area.*

Robh sibh riamh a-muigh mu Hiort?

Cha robh.

Mòrag: Cha robh ag iasgach, ach bha e ann a Hiort leis an eathar.

Bha mi ann a Hiort leis an eathar.

Dìreach air cuairt?

Chaidh sinn ann. Dè a bh' ann?

Mòrag: Tha mi smaoinichadh gur e saighdearan a bha a' dol ann.

'S e. Bhiodh saighdearan a' dol a-null a siud. Bha am bàta aca fhèin aca airson a dhol ann ach bhris am bàta sìos agus thàinig fios ann a sheo an deidheadh tè dha na h-eathraichean a-mach a dh'iarraidh nan saighdearan. Bhiodh iad a' tighinn air ais air leave fhios agad. 'S e Iain Choinnich aig an robh an *Rìbhinn Donn* a fhuair fios. Cha deidheadh esan ann agus chuir iad fios ormsa agus chaidh mise ann. Thug mi staigh crowd dhiubh a Loch nam Madadh agus chaidh iad air bòrd bàta aig *MacBrayne* ann a shin.

Mòrag: Innis dhi mu Sheumas ach an dèan i gàire!

Bha fear còmhla rium ann a sheo...

Mòrag: Bha e staigh air holiday – am balach aig Ciorstag Bheag a' Bhùidsear. Hamish.

Bh' e an còmhnaidh a' bruidhinn air Hiort agus gum bu toil leis a dhol ann. Thuirt mi ris “'S dòcha gun tig teansa fhathast.” Co-dhiù thàinig an teansa seo. Bha e staigh. Chuir mise fios air co-dhiù gun robh mi dol a-mach a Hiort an làirne mhàireach ma bha e airson a dhol ann...*this was his chance.* Agus o dh'fhalbh e co-dhiù. [...] Co-dhiù nuair a ràinig sinn chaidh sinn a-staigh dhan acarsaid ann a Hiort...cha robh mise ann a Hiort mi fhèin...cha robh mise riamh ann air tìr. Co-dhiù.

Mòrag: Dh'fheumadh iad a dhol a dh'eathar beag.

O dh'fheumadh airson faighinn air tìr. [...] Agus co-dhiù, thàinig an t-eathar beag agus nuair a chaidh na saighdearan air tìr chaidh mise dhan eathar bheag còmhla ris an fheadhainn eile 's bha mi ag iarraidh air Seumas a dhol còmhla rium. Thuirt mi ris “You'll never get another chance. This is your chance to go to Hiort.” Bha e a' humadh 's a hawadh 's cha deach e ann idir.

Och, cha deacha.

Dh'fhalbh mise co-dhiù dhan eathar.

Feumaidh gun robh a' mhuir garbh an robh?

O bha i fèathach! Bha i fèathach!

Mòrag: An latha a b' àille!

Chan eil fhios 'am dè thachair dha idir. Chaidh mise gu tìr co-dhiù 's bha mi coiseachd timcheall ann a shin dreis agus bha e suas gu meadhan oidhche agus thàinig sinn air ais a-nuas chun a' bhàta bheag agus bha na saighdearan air a dhol air bòrd an uair sin...an fheadhainn a bha a' tilleadh...agus chaidh mise air bòrd mi fhèin agus dh'fhalbh sinn às an dèidh mheadhan oidhche, air ais dha Na Hearadh. Bha oidhche mhath ann. Bha mise na mo chadal co-dhiù deagh dhreis dhan an t-slighe. Bha Calum Eòghainn innte – bha e *ruling the roost*. 'S thàinig i staigh gu Caol Na Hearadh agus ràinig sinn Loch nam Madadh. Bha am bàta ann a shin deiseil airson falbh. Bàta *MacBrayne*. Cha robh càil ach a cur ri taobh bàta *MacBrayne's* 's dh'fhosgail iad an doras a bha air a taobh 's chuir sinn a-mach ann a shin an crowd aca. *That was it.*

Ach cha d'fhuair an truaghan eile air tìr ann?

Cha d'fhuair. Cha deach e ann riamh tuilleadh.

Bha sin tàmailteach 's e cho faisg air làimh.

Mòrag: He had a *premonition* bha e a' ràdh ris! Well you didn't tell me bha esan a' ràdh ris.

Chan eil fhios 'am dè am *premonition* a bh' aige. Bha an nearbh aige air falbh. Bh' e a' cur na dubhan air na dathan mar a chanas iad.

Mòrag: Nam biodh e air am *premonition* innse dhusa 's dòcha gum biodh tu air suidhe air do thòin san eathar cuideachd.

O cha bhiodh. Cha deach e ann idir. Tha e bruidhinn air a dhol ann fhathast.

Mòrag: A bheil?

Tha.

Mòrag: O cha tèid ri latha...*he's too old*. O Seumas bochd. “*I had a premonition!*”

Ach bha sin ann cuideachd nach robh, air na h-eathraichean? Bha geasachd is rud a' dol. Superstition nach robh uaireannan?

Bha.

Mòrag: O bha, bha iad làn dhan a sin...bha feadhainn aca. Cha robh iad airson a bhith a' bruidhinn ri boireannaich air an rathad no càil.

O nach robh?

Mòrag: O bha iad làn...

Boireannach sam bith?

Mòrag: Chan eil fhios am an robh rud annsan dheth cuideachd!

O cha robh!

Mòrag: Cha robh.

Cha robh mi smaoineachadh mar sin idir.

Dè na rudan a bhiodh iad a' creidsinn matha? An cuala sibh fhèin?

Mòrag: Tha còir agadsa cuimhne bhith agad.

O chan eil. Bha cuid a bhoireannaich ann 's bha iad *marked* aca.

O robh? 'S dè bha sònraichte mun deidhinn?

Nuair a thachradh i riut....cha robh iad airson 's gun tachradh i riut idir air an rathad...cha robh. Nam biodh tu a' dol gu muir, fhios agad. Bha cuid a bha ann a bha sònraichte airson a sin.

Mòrag: Bhiodh an dàrna duine a' toirt a chreidsinn air an duine eile gun robh...

O cha robh càil a dh'fhios agamsa air gin dhiubh sin...bha sin air falbh nuair a thòisich mise.

Robh? Bha 'd annasach mu dhathan cuideachd nach robh 's dè an t-aodach a bhiodh ort cuideachd?

Uhu.

Mòrag: Chan eil fhios 'am a-nis.

Dubh a bh' ann an uair ud. 'S e dubh a bh' ann most of the time co-dhiù.

Bha rudeigin ann mu stocainnean a bh' air an dath leis a' chrotal cuideachd nach robh?

Mòrag: O cha robh iad airson stocainnean crotail idir.

That's right.

Mòrag: Bha. Bha an crotal out.

Bha faclan ann nach fheumadh iad a ràdh air bòrd cuideachd nach robh?

Och uill, cha robh.

Nach robh agaibhse idir?

Tha faclan ann nach fheumadh tu a ràdh am bad sam bith!

Ha ha!

Mòrag: Ha ha!

Dè an turas a b'fhaide air an robh sibh riamh, bheil cuimhn' agaibh?

O a' seòladh.

O robh sibh a' seòladh cuideachd a bharrachd air a bhith ag iasgach?

Bha mi seòladh deich bliadhna.

Cà deacha sibh an uairsin?

O South Africa, Cape Town 's Durban 's suas an Canal 's India 's Calcutta, Bombay...

Mòrag: Cha robh sgeul ormsa an uair ud.

Nach robh? Mus do phòs sibh?

O cha robh. Thill mi às a sin.

Dè am bàta air an robh sibh, no robh tòrr ann?

O bha. Chan eil mo chuimhne-sa math ann a bhoireannaich.

O tha i glè mhath!

Mòrag: Tha a chuimhne a' falbh.

Dh'fhalbh sinn às *Calcutta* co-dhiù 's thàinig sinn air ais a *Chape Town* 's chaidh sinn às a sin dha na *States...New York 's Baltimore*.

Matha, bha sibh fhèin timcheall an t-saoghail cuideachd?

O bha. As dèidh sin...*Baltimore*...ghabh sinn cargo ...chan eil fhios 'am dè an carago a bh' ann...biadh 's rudan dhan t-seòrsa sin...bha an Cogadh a' do lan uair sin 's thàinig sinn a-nall a *Liverpool* an uair sin.

Mòrag: An ann aig àm a' Chogaidh a bha sin ann? Chaidh a thorpedoeadh aig àm a' Chogaidh cuideachd.

Deacha?

Chaidh ar bomadh.

Mòrag: Bomb, 's e. An e Ameirigeanaich a leig am bomb.

Cà do thachair sin?

Dh'fhalbh sinn à *Liverpool* air a....o...

An robh sibh anns a' Navy?

Cha robh.

Mòrag: 'S ann sa MERCHANT NAVY a bh' e.

Dh'fhalbh sinn às [...] shìos faisg air a' Chlyde fhios agad...sin far an robh na *convoys* a' cruinneachadh ri chèile. Bha sinn trì latha air an rathad nuair a chaidh ar bombardadh sa *Bhay of Biscay*. Bha mi na mo shuidhe aig an stèisean...cha robh còir againn a bhith...nuair a bha rud dhan t-seòrsa sin ann...bha mi a' faicinn am plean os mo chionn... bha latha brèagha ann...latha lovely ann...chunna mi am plean os mo chionn is chunna mi am bomb a' falbh aiste. Bha e cho àrd ri 15,000 *ft* co-dhiù. Chaidh urchair a losgadh oirre ach chan fhaigheadh iad faisg a mhìle oirre leis cho àrd 's a bha i. Bha convoy ann 's na gunairean mòra ach...agus chunna mi am bomb a' falbh aiste...bha e dìreach a' gleansadh as a' ghrèin. Bha mise air *open deck* an uairsin agus ghabh mi shelter am badeigin...chunna mi doras ann a shin agus chaidh mi a-staigh. Cha do dh'fhairich sinn *not a thing*. Chaidh am bomb sìos a centre aice dhan an *engine room*. Rinn i an dearbh rud air an tè a bha còmhla rinn. [...] Cha robh càil a ghabhadh dèanamh co-dhiù. *Abandon ship*.

An deach i na teine?

Chaidh i na teine. Chaidh am bàta abandonadh agus bha sinn ann an eathraichean beaga.

An do leum sibh a-mach?

O cha do leum...chaidh sinn dha na h-eathraichean leis na h-àraidhean. Bha sinn ag iomradh an uair sin agus thàinig tè dha na *frigates...destroyers*. Bha iad nas lugha na an *destroyer*...thàinig i a-nuas ri ar taobh is thug iad oirnn a dhol air bòrd dhan a' *frigate* a bha seo agus an ceann dreise chuala sinn brag 's bha iad an dèidh am bàta mòr às an robh sinn...air *torpedo* a chur innte. Chaidh cur às dhith.

An deach i fodha?

O chaidh! Ach bha i gun fheum co-dhiù. Cha robh duine na broinn an uair sin.

An do shàbhail a h-uile duine?

Chaidh còig duine deug air fhichead a mharbhadh innte. Chaidh. Thug iad air falbh sinn an uair sin gu ruige *Casa Blanca*. Sin far an d'fhuair sinn gu tìr 's bha sinn ann a shin seachdainn no deich latha. Thàinig fios gun robh bàta dha ar feitheimh ann a shiud ann an *Casa Blanca* gus ar toirt dhachaigh. Fhuair sinn dhachaigh mar sin.

Bha sibh fortanach.

Mòrag: An d'fhuair sibh dhachaigh ann a sheo an uair sin?

Fhuair.

Mòrag: An d'fhuair thu *leave*?

Fhuair. Thàinig mi air tìr ann a shin air a' chidhe 's bha Oighrig ?? air a chidhe cuideachd 's thuirt i "Chan e aodach fhèin a th' air Murchadh Dhòmhnail Iain. Chan e an t-aodach aige fhèin a th' air Murchadh Dhòmhnail Iain." Dh'aithnich i an t-aodach a bh'orm nach ann leam fhèin a bha e.

Mòrag: O robh?

Dh'aithnich.

Mòrag: Cò bha sin?

Oighrig Dhòmhnail Fhionnlaigh??

Mòrag: O Oighrig Dhòmhnail Fhionnlaigh.

An do dh'fhalbh sibh tuilleadh dhan a' Chogadh?

O dh'fhalbh. Cha robh sin a' dol a dhèanamh a' chùis. Ma bha a h-uile duine dol a sgar, dh'fheumadh tu falbh. Ach cha do thachair càil an uair sin as dèidh sin.

'S thill sibh air ais as dèidh a' Chogaidh an uair sin.

Thàinig sinn dhachaigh ann an 1947, '48.

'S bha sibh a' seòladh chun a sin?

Bha. Thug mise deich bliadhna a' seòladh.

An ann ag obair air deic a bha sibh?

'S ann, 's ann.

'S dè chuir dhachaigh sibh matha?

Mòrag: Ha ha! 1947 a chunna mise an toiseach e. Bheil cuimhn' agad air a siud?

Tha.

Mòrag: Ciorstag Phark. An taigh Dudamaigh.

An taigh Dudamaigh.

Mòrag: Thàinig mi dhachaigh airson dreiseag...bha mo phiuthar tinn, cha robh i gu math idir agus an cuala tu riamh guth air Dòmhnall Bùidseir?

Chuala.

Mòrag: Uill, thàinig bean Dhòmhnail Bùidseir dhan taigh againn an oidhch' ud agus bha i ag iarraidh orm a dhol sìos ?? thuirt mi "*Alright*, thèid mi sìos cuairt an ath oidhch'" Agus bha bodach a' fuireach an ath doras rithe agus dh'fhalbh mi sìos agus dursta bh' aice air an teine ach *dumpling*. Agus nuair a thug i dheth an *dumpling* thàinig a piuthar a-staigh...bha a piuthar an ath doras...Ciorstag Phark agus chaidh pìos dhan a' bhodach a chur air truinnsear. 'S thuirt Ciorstag "Thugainn còmhla rium a thaigh Dhudamaigh." "O Chruthaidheachd arsa mise cha tèid." "Isd, thèid. Chan eil duine beò ann matha!" Dh'fhalbh mi 's bha esan an taigh Dudamaigh. Bheil cuimhn' agad air a siud?

Tha glè mhath.

Dh'fhalbh mi 's thuirt i cho cinnteach 's a tha thu beò bidh am fear ud aig ?? gad fheitheamh!

Ha ha!

Mòrag: *Christmas* 1947. Phòs sinn ann an 1957. Ten years on ach bha tòrr [??] ann. Cha robh mise a' suirghe air all the time.

Bha sibh deich bliadhna mus do phòs sibh as dèidh coinneachadh?

Bha, bha.

Mòrag: Bha. Ach cha robh sinn a' suirghe idir. Bha deich bliadhna ann bho choisich e dhachaigh an toiseach còmhla rium gun do phòs sinn. Chan eil fhios am ciamar a thàinig sinn cuideachd a-rithist. Chan eil càil a dh'fhios am.

'S math gun tàinig.

Bha e *bound* air tachairt co-dhiù cha chreid mi.

Mòrag: Ha ha! O uill, bha e ri bhith co-dhiù.

Bha.

Mòrag: O 's e Ciorstag Park an oidhche bha siud. Chan eil fhios 'am a bheil cuimhn' aice.

O tha.

Ach cha robh sibhse ach òg an uair sin, nuair a choinnich sibh an toiseach?

Mòrag: 1947. O cha robh...tha mi seachd bliadhna nas òige na e. Cha robh mi ach anns na *twenties*.

Agus dh'fhalbh sibh air ais gu muir as dèidh sin?

O chaidh.

'S cuin a thill sibh air ais for good?

Mòrag: Bha e ann an [??] Chaol Àcainn anns na *fifties*. Bha mise an Sasainn. Bha thu ann an Caol Àcainn an uair sin.

51?

Mòrag: Bha agus 53, 54. 'S ann a 54 a thàinig mise air ais à Sasainn. 57 a phòs sinn. Bha e an uair ud ann an eathraichean iasgaich ann an Caol Àcainn.

'S bha sibhse ann an Sasainn?

Mòrag: Bha mise ann an *Sutton* ann an *Surrey*.

Dè bha sibh a' dèanamh ann a shin?

Mòrag: Cha robh ach ag obair anns na hotels. Nighean a bha còmhla rium bliadhnaichean ann am *Pitlochry*, dh'fhalbh i sìos a Shasainn agus bha i ag iarraidh orm a dhol sìos còmhla rithe. Bhàsaich i shìos an Lunnainn. 'S ann à *Beaully* a bha i – *Mary Rennie*. Ach, bha thu an uair sin air na h-eathraichean sin an Caol Àcainn. Bh' e air na h-eathraichean sin as dèidh dhuinn pòsadh.

O robh?

Mòrag: 1961 a fhuair e fhèin an *Estralita*.

Phòs sibh ann a' 57?

Mòrag: 57.

An ann a seo fhèin a phòs sibh ann an Scalpaigh?

'S ann.

Mòrag: 61 a fhuair thu an *Estralita*. Bha Mòrag bliadhna a dh'aois.

Sin an tè a thàinig à Èirinn?

'S i.

Dè seòrsa a bh'innte sin a-rithist?

Trobhad is seallaidh mi dhut i.

[...]

'S fhuair sibh an tè sin à Belfast?

Fhuair.

An deach sibh fhèin a-null ga h-iarraidh?

Chaidh.

Mòrag: Chaidh. Bidh cuimhn' agams' air gu sìorraidh. Bha bhràthair còmhla ris cuideachd – Seumas. Bha balach eile Dòmhnall ann a sheo an Rubh nan Cudaigean. Bha a' chlann beag agam. Bha droch fheasgar ann. Athair a' bhalaich a bha seo, thàinig e a-nuas. Cha robh athair-san aig an taigh. Thuirt e “Cha leig leas dùil a bhith agad riutha, cha tig iad a-nochd. Tha iad ann an Campbelltown le droch gèile garbh.” Bha sin alright. Dh'fhalbh mise dhan leabaidh 's bha Mòrag na leanabh agam 's Raonaid. Ghlas mi 'n doras. Aig uaireannan sa mhadainn dh'fhairich mi ... “O chuthaidheachd a Mhurchaidh an tu tha siud? Cò tha thu a' smaoinichadh a th' ann?!” Thàinig iad a-staigh air an uinneig ann a sheo...theab me dhol às mo rian! O bha droch oidhch' ann. Coinneach Thormoid ag ràdh nach tigeadh sibh a-nall idir.

O thàinig.

Mòrag: Tha cuimhn' am air an oidhch' ud. “Cò tha thu smaoinichadh a th' ann?”

Ha ha! 'S thàinig sibh suas à Belfast?

O suas tron a' Chlyde. Thàinig sinn a-staigh a Hamalton. Tha mi smaoinichadh gur e Latha na Sàbaid a bh' ann an làirne-mhàireach, an e?

Mòrag: O chan eil cuimhn' am air a sin idir.

Cha robh sinn airson falbh air Là na Sàbaid an uair ud ann fhios agad. Dh'fhan sinn ann an Campbelltown gun deach an gèile seachad.

Mòrag: Bha gèile ann co-dhiù.

Thàinig sinn a-nall an uair sin.

Bha sibh ag obair leatha sin an uair sin dreis mhath an robh?

O bha. Rinn sinn job math leis a' *Bhritannia*. Bha an sgadan pailt an uair ud.

Mòrag: Bha iad fortanach.

An e am Britannia an tè a thog sibh fhèin?

'S i. An e sin an ath tè a bh' agaibh?

Mòrag: 1968 a fhuair e am *Britannia*.

'S thog sibh fhèin i?

'S ann dhomh fhèin a chaidh a togail. Bha tè aig m'uncle Coinneach, air an robh am *Britannia* bliadhnaichean rona sin.

An robh i sin na bu mhotha na an tèile?

O cha robh no faisg uidhir rithe...cha robh. [...]

'S dè an fhaid a bh' anns a' Bhritannia a bh' agaibh fhèin?

62 no 63.

'S an e Ringnet a bh' oirre?

'S e. O 's e.

'S co mheud a bha ag obair oirre?

Sianar.

'S bha cosnadh ann do shianar oirre?

O bha. Bha cosnadh math ann an uair ud.

Sgadan a-rithist an e?

O sgadan. Tha cuimhn' agamsa aon oidhche, deireadh gnothaich, bha e a' tighinn gu deireadh. Dh'fhalbh sinn às a seo...sinn fhèin agus tè air an robh a' *Vigilant* – tè mhòr – bha i na bu mhotha na sinne agus dh'fhalbh sinn agus sa chiad *Ring* fhuair i dà cheud gu leth crann, 's an ath *Ring* da cheud gu leth eile. *530 crans for the night*.

San aon oidhche. Gheibheadh sibh fortan airson sin?

O uill, fhuair sinn...chan eil fhios 'am dè fhuair sinn. Bha sinn a' sguearadh an uair ud...bheil fhios agad dè th' ann a sguearadh?

Tha.

Bha iad a' roinn an airgid a h-uile cola-deug. Tha mi smaoinichadh gun d'fhuair iad £260 an cola deug a bha siud againne.

O bha sin math.

Mòrag: Bha an uair ud.

Bha.

Ciamar a tha sibh a' roinn an airgid air bàta?

Tha trì *shares* ann. Am bàta a' faighinn so much agus na *h-owners* a' faighinn so much agus an còrr aig a' chriutha.

Eatorra? A rèir dè tha sibh a' faighinn?

Seadh.

Dè na cosgaisean a dh'fheumadh tighinn matha às nuair a bha sibh ag iasgach?

O bha an deagh chuid cosgais ann. Bha.

An e deisel a bha a' dol innte?

'S e. Ach le 500 crann, fhuair an criutha approx £260 each airson a' chola deug a bha sin. O bha siud *phenomenal*. Ach bha trì earrannan dhan a sin agamsa oir 's ann leam a bha an t-eathar a bharrachd air a sin agus na trì eile airson a' chosgais. O bha siud *phenomenal*.

Bha. Co mheud bliadhna a bha am Britannia agaibh?

Dhà dheug.

Mòrag: Twelve years an e? Ghabh e *heart attack*. [...] O ghabh.

Chaill sinn nighean. Chaidh a marbhadh ann an car crash.

Chuala mi sin. Tha sin duilich.

An cuala gu dearbh? Cò bha ga innse dhut?

O 's fhada bho chuala mi.

An fhada gu dearbh? O chaill sinn nighean.

Bha i anns an sgoil nach robh aig an àm?

Mòrag: Bha, an Sgoil Phorthrigh.

Bidh rudan mar sin a' tachairt. Tha e doirbh.

Bidh.

Mòrag: O bhrònag...

Dè an turas a b'fhaide air an robh sibh leis an eathar matha ag iasgach?

Ag iasgach?

Uhu.

O uill...

Mòrag: Iad a' falbh oidhche na Sàbaid as dèidh mheadhan oidhche. Cha tigeadh e gu oidhche Haoine, bha 's Disathairne uaireannan. 'S ged a thigeadh oidhche Haoine bha iad an uair sin shìos aig an *jetty* aig na lìn agus mar sin. Ach bhiodh feasgar Disathairne ann uaireannan mus tigeadh sibh dhachaigh ged a bha an sgadan uaireannan. Bha iad an uair sin a' falbh as dèidh meadhan oidhche nuair a dheidheadh an t-Sàbainn seachad. Madainn Diluain a-mach à seo.

O bha. Chan eil port an asgaidh ann. Bha na daoine a bha seo gu math *keen* air airgead a dhèanamh.

Tha mi cinnteach.

O bha, a h-uile duine a bh' ann.

Mòrag: Bha iad glic gu leòr seach gun robh i ri fhaighinn.

Uill, gun teagamh.

Dheidheadh iad gu *extremes* gu faigheadh iad airgead a dhèanamh, o dheidheadh.

Robh farpais eadar na h-iasgairean?

O bha, bha beagan dhan a sin ann.

Mòrag: Bha.

O bha.

'S nuair a dh'fhalbhadh sibh matha air an eathar tràth madainn Diluain dè bhiodh a' tachairt air latha àbhaisteach air an eathar a-muigh? Bha sibh a' cadal air bòrd co-dhiù?

Bha. Nuair a bha sinn aig an Ringnet cha robh sinn a' dol a-mach tràth idir, gus an tigeadh an oidhche – oidhche Luain.

An robh sibh air acaire a-muigh am badeigin?

Cha robh. Mura biomaid an seo bhiomaid a Steòrnabhagh no aig acaire am badeigin 's dòcha. Ach ann a sheo aig an taigh cha bhiomaid a' falbh gu oidhche Diluain. Bha sgadan an uair sin mun a seo fhèin fhios agad?

Ach nuair a bha sibh a' falbh airson seachdainn, bhiodh sibh a' cadal air bòrd an uair sin – bha leabannan innte?

Mòrag: O bha, sia leabannan.

Bhiodh na Taobh Searaich a' falbh bhon taigh Latha na Sàbainn 's a' chiad àite a bha iad a' cumail orra 's e an Caol sin. Bha fios aca nach biodh na Sgalpaich a-muigh fhios agad 's bha fios aca gum biodh an sgadan an dèidh rest fhaighinn. Bha iad a' cumail air a siud agus bha iad a' toirt sgadan chun an Tairbeart.

Nach iad a bha seòlta!

You're telling me!

Mòrag: Cuimhn agad air Abie? O saoil a bheil e beò? As Abhoch.

Bleagart!

Mòrag: Bleagart tha esan a' ràdh! Bidh e na bhodach.

Tha cuimhn agamsa ann a sheo bha an cidhe ann a sheo làn eathraichean. Bha, làn...gach taobh...ceangailte ri chèile na h-eathraichean...'S bha àsan ann, na h-Amhaich 's bha seachd no ochd ann. Ach co-dhiù dh'fhalbh sinn an oidhche a bha seo a-mach's 's ann an còmhnaidh dha na Bàigh a bhiomaid a' dol suas. Bha e math air an sgadan an uair sin. Dh'fhalbh sinn co-dhiù agus chaidh sinn suas gu Caol na Hearadh agus bha na h-Amhaich timcheall oirnn na na ficheadan agus [...] bha sgadan ann. "Cùm an àird an solas. Bha tè dha na h-Amhaich taobh a-muigh dhuinn. Nuair a chunnaic e mise a cur an àird an t-solais thòisich e a' cur na lìn an taobh a-muigh dhìomsa 's cha do rinn mi càil ach an lìon a chur taobh a-staigh an lìn aige – inside. Cha d'fhuair sinn sgadan idir...gin dha na dhà againn ach o bha e cut!

Duine math a bh' ann cuideachd. Bhiodh e a' cumail choinneamhan.

Mòrag:[...] Bha e cho *keen* air an sgillinn a dhèanamh riut fhèin! Ha ha!

Bha e na chleachdadh cuideachd a bhith a' gabhail an Leabhair air bòrd nach robh?

O bha.

Mòrag: Bha 'd a' gabhail an Leabhair.

Anns a' mhadainn no air an oidhche?

O dìreach air an oidhche. Bhiodh iad a' dol a-mach chun a' bhanca deas ann a sheo mar bu trice. Bhiodh iad a' cur a-mach *fifty nets* – lethcheud lìon an sreath a chèile. Bhiodh iad ag òl teatha an uair sin agus bhiodh iad ag èisteachd ach an cluinneadh iad an sgadan a' cluiche. An ceann dreise dh'fheumadh iad an Leabhar a ghabhail. 'S chluinneadh tu na h-eathraichean – a h-uile aonnan aca – nam biodh oidhche bhrèagha ann, chluinneadh tu iad a' seinn o pìos math air falbh.

Bha sibh a' seinn cuideachd?

Bha! O bha 's b'e sin an t-seinn eile. O bha. Bha iad an uair ud mar na smeòraich a' seinn. O bha a h-uile eathar a' seinn.

Mòrag: Ma bha dùil aca ri sgadan fhaighinn! Nan cluinneadh iad an sgadan a' cluiche!

Ha ha!

Sgadan a' cluiche no nach biodh dh'fheumadh na leabhraichean a bhith ann.

Mòrag: O bha. Bha iad a' gabhail an Leabhair.

Bha a h-uile h-eathar a' dèanamh sin?

Mòrag: A h-uile h-eathar, bha. *It was the done thing.*

Bha Bìoball air bòrd a h-uile h-eathar?

O bha.

'S dè na stores a dh'fheumadh sibh a thoirt leibh?

Mòrag: O bha còcair' aca.

O robh?

Mòrag: Bha còcair math acasan – John Norman a' Bhùidsear.

Mar bu trice bha aonan dhiubh na chòcaire.

'S cha robh e dèanamh càil ach sin fhèin?

Cha robh. Uill, bhiodh e a' tarraing na lin còmhla rinn fhios agad.

Mòrag: Ca robh sibh nuair a fhuair sibh am breac ann an Steòrnabhagh?

Bha e air breac fhaiginn. Bha e cho fada sin. Co-dhiù thàinig sinn a Steòrnabhagh leis an sgadan 's bha am breac ann a shiud agus bha sinn a' dol dhachaigh an oidhche sin. Co-dhiù thòisich John Norman air a' bhreac. Bha e co-dhiù dà uair a thìde no dà uair a thìde gu leth a' tighinn a-nuas à Steòrnabhagh ann a shin ag obair air a' bhreac agus bha e deiseil aige aig bun a' chaoil ann a shiud.

Mòrag: Thòisich iad ga ithe.

Down tools. An t-eathar a stad gum faigheamaid am breac ithe.

Mòrag: Bha e math air còcaireachd, John Norman.

O bha am breac annasach.

Matha dh'fheumadh sibh an deagh chuid a thoirt leibh airson seachdainn aig muir?

Dh'fheumadh tu *stores* fhaighinn *for the week*.

Robh sin an urra ris a' chòcaire no robh agaibh fhèin ri sin a dhèanamh?

Mòrag: An còcaire bha ga dhèanamh. Cha robh esan ga dhèanamh co-dhiù. 'S tu bha ga phàigheadh.

Bha mise a' dol gu Dòmhnall Bùidsear Diardaoin agus a' toirt dà cheud not stores.

Mòrag: O rinn Dòmhnall Bùidseir math air na h-eathraichean an uair ud. Chan eil rian nach do rinn.

Dè na cur seachadan a bhiodh agaibh air bòrd matha? An robh sgeulachdan no òrain no càil mar sin a' dol?

O cha robh.

Mòrag: Bhiodh iad a' gabhail òrain a' tighinn dhachaigh oidhche Haoine. An duine a bhiodh as an taigh-chuibhle bhiodh iad a' gabhail nan òran. Fataidh agus John Norman. Bha e *lovely* a bhith gan èisteachd.

Bha.

Mòrag: Gan èisteachd air a' *wireless*...bha cur-seachad againn an uair sin.

Bha cur-seachad mòr ann. Chluinneadh iad na h-eathraichean an seo air a' *wireless*.

Mòrag: A' cluinntinn a h-uile h-artaigil.

An e nàdar de CB a bh' agaibh?

'S e. Gheibheadh iad na h-eathraichean air a' *wireless*. Bha iad ag èisteachd ris a h-uile càil a bhiodh a' dol.

Bha sin anns a h-uile taigh an robh?

Mòrag: Bha, anns a h-uile taigh aig an robh cuideigin aig muir co-dhiù.

Chuireadh sibh fios chun an eathair mar sin?

O cha b'urrainn dhuinn fios a chur air falbh.

Mòrag: O cha b'urrainn.

Bha sibhse dìreach ag èisteachd agus chuireadh às an fios dhachaigh?

Mòrag: *That's right.* Gan cluinntinn a' bruidhinn ri chèile.

Ach bha sin gur fàgail nas saoirsneile?

Mòrag: O bha. Bha fios agad cà robh iad.

Cuin a thòisich an radio?

Bha e agamsa riamh. San *Estralita* cuideachd.

DISK ENDS

